



PLANA GÀIDHLIG

2017 - 2022

Chaidh am plana seo a chruthachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba)

FACAL-TÒISICH

'S e glè bheag de dhaoine nach aithneachadh cho cudromach sa tha a' Ghàidhlig dhan chruth-tìre againn. Tha tòrr de na beanntan, glinn agus coilltean air am bogadh ann an dualchas na Gàidhlig agus tha ainmean Gàidhlig orra a tha a' toirt tuairisgeul air an coltas, an cruinn-eòlas no a tha a' sealltainn cho cudromach sa tha iad ann an cultar na Gàidhlig.

Cha b' urrainn seo a bhith na bu fhreagarraiche dhuinn oir tha ainmean nan litrichean ann an aibidil na Gàidhlig stèidhichte air ainmean craobhan dùthchasach na h-Alba.

Tha deasachadh a' phlana ùir seo a' toirt cothrom dhuinn breithneachadh air na tha sinn air coileanadh thairis air a' chòig bliadhna a dh'fhalbh, gus na coileanaidhean againn a dhaingneachadh agus gus sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidhe a thug seo an dà chuid air an luchd-obrach againn agus air luchd-tadhal air coilltean agus fearann coillteach na h-Alba.

Cleachdaidh sinn am plana seo gus cothroman ùra a chruthachadh gus ionnsachadh mu shaoghal nan craobh is nan coilltean - tro stuthan foghlam cruthachail ùr a tha a' glacadh aire na cloinne, is daoine aig gach aois, agus a tha brosnachadh tuigsinn air luach nan craobhan agus na Gàidhlig.

Tha sinn air tòrr a choileanadh gu ruige seo, tòrr a bharrachd na bha sinn ag amas air anns a' chiad phlana, agus is dòcha gu bheil seo na chomharra gu bheil dealas nas motha aig ar luchd-obrach a bhith a' gabhail pàirt anns a' Ghàidhlig agus anns an dualchas Gàidhlig againn na bha sinn an dùil.

Tha sinn dealasach a thaobh an àite as urrainn a bhith aig Coimisean na Coilltearachd Alba (FCS) ann an cur ri inbhe, cleachdadh agus togail na Gàidhlig, an dà chuid gus amasan Bhòrd na Gàidhlig a thoirt air adhart agus gus cuideachadh le cur an gnìomh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha sinn taingeil airson na taic leantainnich a tha sinn air faighinn bho Bhòrd na Gàidhlig agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri togail air an dàimh sin barrachd tro dheasachadh agus cur an gnìomh a' phlana ùir seo.



Jo O'Hara
Ceannard Coimisean na Coilltearachd Alba

Clàr-innse

Geàrr-chunntas 4

Ro-ràdh 6

An co-theacsa airson deasachadh Planaichean Gàidhlig
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios gum feumar plana
Gàidhlig a dheasachadh:

Co-chomhairleachadh air dreachd Plana Gàidhlig:

Aontachadh Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba:

Tar-shealladh air gnìomhan FCS agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-
staigh raon na h-obrach againn.

Cùl-fhiosrachadh mu Choimisean na Coilltearachd Alba

Gàidhlig taobh a-staigh an sgìre ùghdarrais againn.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh FCS:

Bun-dhleastanasan 12

Earrann 1 – Dearbh-aithne

Earrann 2 – Conaltradh

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Earrann 4 – Luchd-obrach

**A' bhuidh aig Poileasaidh air a' Ghàidhlig agus Buileachadh Plana
Cànain Nàiseanta na Gàidhlig** 35

Aonta ri amasan Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig

1. Togail Cànain

2. Cleachdadh Cànain

3. Inbhe Cànain

4 Corpas Cànain

Buileachadh agus Dearcnachadh **40**

Clàr-ama

Sanasachd airson a' Phlana

Ullachaidhean Rianachd air Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig

A' toirt fiosrachaidh do bhuidhnean eile mun Phlana

Goireasachadh a' Phlana

Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Fios conaltraidh **42**

Leas-phàipear 1

Mapa de dh'oifisean Coimisean na Coilltearachd Alba

Leas-phàipear 2

Beag-fhaclair agus Giorrachaidhean

Geàrr-chunntas

Tha Coimisean na Coilltearachd Alba (*Forestry Commission Scotland - FCS*) ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha sinn ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha sinn air na structaran is iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha sin ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ag aithneachadh ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- *cur ri inbhe na Gàidhlig*
- *ionnsachadh is togail na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus*
- *barrachd cleachdadh den Ghàidhlig a bhrosnachadh*

Is e an sgrìobhainn seo an dàrna tionndadh de Phlana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a

- chleachdas sinn a' Ghàidhlig anns na prìomh dhleastanasan againn,
- mar a chuireas sinn an comas cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le prìomh chom-pàirtichean, agus
- mar a bhrosnaicheas is a chleachdas sinn a' Ghàidhlig taobh a-staigh na buidhne.

Am measg nan amasan àrd-ìre againn, bidh

- *Taic a thoirt do phrògram foghlaim Riaghaltas na h-Alba a tha a' cur cuideam air foghlam Gàidhlig mar phrìomh tèama*
- *Dèanamh cinnteach gu bheil ceanglaichean ann ri poileasaidhean is tèaman eile aig Riaghaltas na h-Alba, mar eisimpleir Scotland Performs.*
- *Taic a thoirt do bhuidhnean Cùisean Dùthchail, Biadh is Àrainneachd (Rural Affairs, Food and Environment - RAFF) eile agus iad a' deasachadh nam Planaichean Gàidhlig aca agus gan cur an gnìomh.*

Thathar air Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, agus tha e ann an co-rèir ri *Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig* is air an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is iad seo na prìomh eileamaidean anns a' Phlana Ghàidhlig againn:

– Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri deasachadh a' Phlana Ghàidhlig againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus mu structar prìomh raointean obrach FCS. Tha e cuideachd a' toirt seachad gearr-chunntas air deamografaidh na Gàidhlig.

– Bun-dhleastanasan

An seo, tha sinn a' mìneachadh mar a chleachdas FCS a' Ghàidhlig agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach a thaobh nam prìomh raointean obrach againn. Tha e a' coimhead air prìomh raointean obrach mar dearbh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus tha e a' cur an cèill an ìre de thaic a bhios againn do ghoireasan foghlaim Gàidhlig.

– Buaidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a bhios FCS a' cuideachadh gus Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn an dùil Gàidhlig a chleachdadh ann am planadh agus lìbhrigeadh sheirbheisean, gu h-àraidh ann an trèanadh luchd-obrach. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' coimhead air mar a bheir sinn feart air a' Ghàidhlig agus air a' Phlana Gàidhlig againn nuair a bhios sinn a' dealbhadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

– Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a thèid am plana Gàidhlig againn a chur an gnìomh, agus mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh agus toraidhean.

- RO-RÀDH

An co-theacsa airson deasachadh Planaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios gum feumar plana Gàidhlig a dheasachadh:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionnan ris a' Bheurla.

Is e aon de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman prataigeach gus a cleachdadh.

Co-chomhairleachadh air dreachd Plana Gàidhlig:

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum buidhnean poblach deasachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis. Rinn FCS co-chomhairle phoblach air an dreachd Plana Gàidhlig ann an 2016 agus tha e air na beachdan a chaidh a thoirt dha tron chùrsa co-chomhairleachaidh a thoirt fa-near.

Aontachadh Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba:

Chaidh am Plana Cànan Gàidhlig a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air 9 Gearran 2017 agus chaidh aontachadh aig coinneamh a' Bhùird air 8 Màrt 2017.

Tar-shealladh air gnìomhan FCS agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh raon na h-obrach againn.

Cùl-fhiosrachadh mu Choimisean na Coilltearachd Alba

'S e Coimisean na Coilltearachd na h-Alba a' bhuidheann-chomhairleachaidh agus stiùiridh aig Riaghaltas na h-Alba airson coilltearachd. 'S e am prìomh adhbhar againn a bhith a' libhrigeadh grunn bhuanachdan tro bhith a' brosnachadh stiùireadh seasmhach air craobhan, coilltean agus fearann coillteach airson maith na h-eaconomaidh, nan daoine agus na h-àrainneachd.

Bidh FCS a' cumail taic ri, agus a riaghladh stiùireadh coilltearachd agus fearann coillteach air feadh na h-Alba, a' toirt seachad comhairle agus grantaichean gus stiùireadh seasmhach a bhrosnachadh airson coilltean agus fearann coillteach ùr agus airson coilltean agus fearann coillteach a th' ann mu thràth.

Air ar stiùireadh le Planaichean Nàiseanta - mar eisimpleir Ro-innleachdan Eaconamach agus Cleachdadh Fearainn Riaghaltas na h-Alba - bheir sinn iomadh buannachd do dhaoine is do choimhearsnachdan air feadh na h-Alba.

Tha Oighreachd Nàiseanta nan Coilltean (*National Forest Estate* - NFE) air a stiùireadh le Iomairt Coilltearachd Alba (*Forest Enterprise Scotland* - FES) a tha na meur de Choimisean na Coilltearachd Alba. Le cha mhòr 650,000 ha ann, 's e mu 9% de thalamh na h-Alba a th' anns an Oighreachd agus tha i na measgachadh toinnte de choilltean is de dh'fhearann coillteach, le mun treas chuid mar thalamh fhosgailte.

Tha na coilltean agus am fearann coilltearachd seo nan dachaigh do chuid den fhiadh-bheatha agus do na cruthan-tìre as teirce agus as iongantach ann an Alba. Chan eil iad dìreach mar àrainneachd luachmhor air leth. Bidh iad cuideachd a' toirt seachad còrr is 3 millean meatair ciùbach de dh'fhiodh gach bliadhna.

Tha fearann coillteach nan àiteachan coinneachaidh aig coimhearsnachdan; agus iad a' dol an sàs ann am pròiseactan agus obair gu saor-thoileach, no a' faighinn tlachd às na slighean cuairt, na slighean rothaireachd agus às an t-sàmhchair is sìth a gheibhear ann am fearann coillteach is coilltean. Le bhith a' cruthachadh barrachd fearainn coillteach, gu h-àraidh faisg air bailtean beaga is mòra, is urrainn do choilltean dòighean-beatha nas fhallaine a bhrosnachadh cho math ri togail a thoirt do leasachadh bailteil air feadh na h-Alba.

www.forestry.gov.uk/scotland

Tha poileasaidh FCS air a mhìneachadh ann an Ro-innleachd Choilltean na h-Alba (SFS) aig Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh ann an 2006. Tha an sgrìobhainn a' mìneachadh seachd Prìomh Chuspairean (Atharrachadh Cliomaid; Fiodh; Leasachadh Gnothachais; Leasachadh Coimhearsnachd; Ruigsinneachd is Slàinte; Mathas Àrainneachdail; Bith-iomadachd), a tha còmhla a' cur an cèill nan

dùbhlàn mu choinneamh coilltearachd phoblach is phrìobhaideach ann an Alba thar nan 50 bliadhna ri teachd.

San t-Samhain 2015 bha 976 luchd-obrach làn-ùine is pàirt-ùine ag obair aig FCS a thuilleadh air àireamh mhòr de chunnradairean le cunnraidhean goirid no fada.

Chithear mapa de na prìomh oifisean againn ann an Alba ann an leas-phàipear 1.

Gàidhlig taobh a-staigh an sgìre ùghdarras againn.

Tha FCS ag obair air feadh na h-Alba agus tha seo a' ciallachadh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig is na coimhearsnachdan Gàidhlig uile taobh a-staigh an sgìre sa bheil a' bhuidheann ag obrachadh.

Mar sin, tha an sgìre seo a' gabhail a-steach a h-uile sgìre far a bheil daoine le comas Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh anns a' mhòr-chuid.

Cunntas-sluaigh

Bha na prìomh thoraidhean ann an cunntas-sluaigh 2011 mar a leanas;

Cunntas-sluaigh 2011

Alba

Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)	87,056	1.7% de shluagh na h-Alba
daoine le comas Gàidhlig a bhruidhinn	57,602	66.2% de shluagh na h-Alba 67.1% den fheadhainn aig a bheil sgil
	38,636	Gàidhlig 67.1% den fheadhainn a tha
Luchd-labhairt na	32,418	56.3% den fheadhainn a tha comasach

Tùs: Clàr NRS AT_234_2011

A' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh	24,974	0.5% de shluagh na h-Alba
		43.4% den fheadhainn a tha comasach

Tùs: Clàr NRS KS2065C

Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)		
Aois 3-15	9,686	11.1% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 16-24	9,653	11.1% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 25-34	10,875	12.5% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 35-49	19,155	22.0% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 50-64	18,999	21.8% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 65+	18,688	21.5% den fheadhainn aig a bheil sgil

Tùs: Clàr NRS LC21205CdZ

Cunntas-sluaigh 2001

Alba

Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)	92,396	Atharrachadh -5.8% gu 2011
daoine le comas Gàidhlig a	58,652	Atharrachadh -1.8% gu 2011
daoine le comas Gàidhlig a	39,471	Atharrachadh -1.9% gu 2011
Daoine le Gàidhlig a tha	31,537	Atharrachadh +2.8% gu 2011

Tùs: Clàr NRS AT_001_2001

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig**Alba**

Foghlam tro Mheadhan na Faoilleach 2016	65	Àiteachan
Sgoil-àraich 2015-16	54	sgoiltean-àraich
	1,003	clann (ris a bheilear an dùil)
	147	luchd-obrach
	81.7	FTE
Bun-sgoil 2015-16	57	bun-sgoiltean
	2,920	sgoilearan
	192	luchd-teagaisg
	168	FTE
Àrd-sgoil 2015-16	30	àrd-sgoiltean
	1,193	sgoilearan
	21	cuspairean
	89	luchd-teagaisg

Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh

Bun-sgoil (Clasaichean GLPS) 2015-16	13	sgìrean comhairle
	127	bun-sgoiltean
	7,029	sgoilearan
	162	luchd-obrach na sgoile a' teagasg
	6	comhairlean le tidsear-siubhail
Bun-sgoiltean (dòigh-teagaisg) 2015-16	6	sgìrean comhairle
	21	bun-sgoiltean
	1,004	sgoilearan
Àrd-sgoil 2015-16	6	sgìrean comhairle
	27	àrd-sgoiltean
	2,838	sgoilearan
	51	tidsear

Ge b' e dè na h-àireamhan iomlan a th' ann de luchd-labhairt na Gàidhlig, thathar an dùil gun lean na treandaichean de dh'àrdachadh ann an litearrachd, barrachd luchd-ionnsachaidh fileanta agus fàs ann an FtG, a' ciallachadh barrachd fèill air na seirbheisean air www.learnghaelic.scot.

Tha tòrr buidhnean ann an Alba le raon-ùghdarras a thaobh na Gàidhlig. Bidh buidhnean ealain mar An Comunn Gàidhealach agus Fèisean nan Gàidheal a' brosnachadh ceòl is cultar na Gàidhlig. 'S e Comunn na Gàidhlig a' bhuidheann leasachaidh Gàidhlig nàiseanta agus am measg nan dleastanasan aca gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh bidh iad a' toirt taic-airgid airson soidhnichean dà-chànanach, do bhuidhnean choimhearsnachd agus sgeamaichean gnìomhachais do luchd-ceumnachaidh.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh FCS:

Gu h-eachdraidheil ann an iomadh sgìre dùthchail far an robh Gàidhlig ga bruidhinn, bha Coimisean na Coilltearachd na fhastaiche mòr agus chruthaich e iomadh

dreuchd co-cheangailte ri Oighreachd Nàiseanta nan Coilltean. Bhiodh a' Ghàidhlig cudromach ann an obair làitheil. Bhiodh a' Ghàidhlig ga bruidhinn le iomadh sgioba coilltearachd air feadh Costa an Iar na h-Alba.

Ann an 2011, rinn FCS sgrùdadh air an luchd-obrach gus faighinn a-mach cia mheud den luchd-obrach a bha ag iarraidh barrachd fhaighinn a-mach mun chànan is dualchas. Sheall toraidhean an t-suirbhidh seo:

- Bha **172** den luchd-obrach ag iarraidh barrachd ionnsachadh mun Ghàidhlig agus a dualchas.

A-mach as an luchd-obrach seo;

- Bha **2** den luchd-obrach fileanta agus litearra anns a' Ghàidhlig.
- Bha **74** comasach air faclan sìmplidh a thuigsinn ann an còmhradh.
- Bha **48** comasach air faclan sìmplidh a leughadh.
- Cha robh comas sam bith anns a' Ghàidhlig aig **98** den luchd-obrach.

Gus aghaidh a chur ri seo, agus le taic-airgid GLAIF, thòisich sinn cùrsaichean Mothachaidh Gàidhlig, dhan luchd-obrach uile a nochd ùidh ann a bhith ag ionnsachadh barrachd mun Ghàidhlig. Leanaidh iad seo anns a' phlana seo. Tha tuigse bhunaiteach aig còrr is 200 neach-obrach air a' Ghàidhlig agus a dualchas tro bhith a' frithealadh nan cùrsaichean seo.

Tha an àireamh de luchd-obrach aig FCS le tuigse bhunaiteach air a' Ghàidhlig agus a cultar air meudachadh gu mòr agus tha an àireamh de luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig air a dhol am meud thairis air beatha a' phlana mu dheireadh. Tha an àireamh de luchd-ionnsachaidh agus an àireamh a tha a' frithealadh cùrsaichean foghlam adhartach anns a' Ghàidhlig air fàs gu mòr cuideachd. Ann an 2014, chaidh còig air fhichead den luchd-obrach againn air cùrsaichean Gàidhlig a bharrachd le Sabhal Mòr Ostaig.

Rè beatha a' phlana **seo**, nì FCS sgrùdadh air èifeachdas is buaidh an trèanaidh a bharrachd seo agus cumaidh sinn oirnn a bhith a' toirt taic do bharrachd ionnsachadh agus ruithidh sinn cùrsaichean Mothachaidh Gàidhlig le taic bho Bhòrd na Gàidhlig (BnG).

Thèid na cothroman seo air mothachadh air a' Ghàidhlig a thabhann do bhuidhnean RAFF eile aig Riaghaltas na h-Alba gus cothroman leasachadh a thoirt dhan luchd-obrach aca aig an aon àrd ìre sa th' aig luchd-obrach FCS.

Cumaidh FCS air a' cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean agus ann an stuthan foillsichte stèidhichte air siostam sgòraidh a chaidh a chomharrachadh ann an sgrùdadh aig BnG mar deagh chleachdadh, gus co-dhùnadh dè an ìre de Ghàidhlig a bu chòir a bhith ann an an stuthan clò-bhuailte agus air-loidhne.

'S e eileamaid eile den phlana seo gun tèid goireasan Foghlaim Gàidhlig a chruthachadh a ghabhas a chleachdadh ann an sgoiltean air feadh na h-Alba, agus a gheibh taic bho, agus a thèid a sgaoileadh le **Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig**.

Gus ar dealas leantainneach dhan Ghàidhlig a shealltainn, cumaidh FCS agus FES orra a bhith a' cleachdadh soidhnichean dà-chànanach aig coilltean air an stiùireadh le FES air a' Ghàidhealtachd thraidiseanta agus a bhith a' cleachdadh pàipear le cinn dhà-chànanach ann an cuid de na h-oifisean Coilltearachd Sgìreil againn mar phàirt den phlana seo.

'S e am poileasaidh agus an dòigh-obrach againn a bhith a' leantainn stiùireadh air deagh chleachdadh, mar a chithear ann an: "[A' Cleachdadh na Gàidhlig ann an Eadar-mhìneachadh Dualchais](#)" 2015.

Chaidh an sgrìobhainn seo a chruthachadh mar phàirt de cho-phròiseact aig BnG agus Intepret Scotland agus air a stiùireadh le FCS, agus tha e stèidhichte air rannsachadh a choimisean an com-pàirteachas.

Fhuair FCS sgòr àrd san sgrùdadh Coileanaidh aig BnG a rinneadh ann an 2013-14, agus nochd e 'Cleachdadh as Fheàrr' ann an grunn phrìomh raointean.

BUN-DHLEASTANASAN

Anns an Stiùireadh reachdail aca air Deasachadh Planaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig air aithneachadh gu bheil cruthachadh suidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha poblach mar phrìomh eileamaid ann an àbhaisteachadh cleachdadh na Gàidhlig. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean aig cridhe lìbhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh, a bu chòir buidhnean poblach a ghabhail os làimh ann an deasachadh Phlanaichean Gàidhlig:-

*Dearbh-aithne: aithne chorporra
soidhnichean*

*Conaltradh: ionad fàilte
fòn
post agus post-dealain
foirmean
coinneamhan poblach
modh-dèiligidh ghearanan*

*Foillseachaidhean: dàimhean poblach agus meadhanan
stuthan clò-bhuailte*

*Stuthan foghlaim
Taisbeanaidhean*

*Luchd-obrach: trèanadh
ionnsachadh cànan
fastadh
sanasachd*

Tha an earrann seo den phlana a' mìneachadh bun-dhleastanasan FCS a rèir na sgrìobhainn "Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig" aig a' Bhòrd.

Buileachadh Amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba

1. Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh nan Amasan ro-innleachdail a thoirt gu buil mar a chaidh a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba.

Earrann 1 – Dearbh-aithne

“Faodaidh Gàidhlig anns an aithne chorporra agus anns na soidhnichean aig buidheann phoblach cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànain, agus tha e na theachdaireachd gu bheilear a' cur meas air a' Ghàidhlig agus air gu bheilear a' toirt aithne dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shanasachd, briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a neartachadh, mothachadh poblach dhan chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.” (Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig)

Tha FCS ag aithneachadh cho cudromach sa tha e a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus a bhith a' cur ris an inbhe aice.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
<i>Dearbh-aithne</i>					
Cleachdadh làithreach	Tha poileasaidh sgrìobhte aig FCS a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na soidhnichean aige agus cleachdaidh e suaicheantas dà-chànanach mar an standdard				
Prìomh raointean leasachaidh	Leantainneach	Làn sgrùdadh		D&IS	Ron cheann-latha foillseachaidh

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Dearbh-aithne					
	Tha sinn air poileasaidh a chruthachadh air soidhnichean taobh a-muigh agus chleachd sinn Ainmean-Àite na h-Alba, an com-pàirteachas comhairleachaidh air ainmean-àite Gàidhlig gus cuideachadh le rannsachadh air ainmean. Leanaidh sinn oirnn le bhith a' sgaoileadh a-mach am poileasaidh seo do dh'oifisean (a' gabhail a-steach ionadan luchd-tadhail) agus ainmean-àite nan coilltean.	Cuir an gnìomh a' phoileasaidh		D&IS	Air feadh ùine a' Phlana
Amasan	Ro-innleachdail	iomchaidh	air	an	1,2
cuideachadh					

Earrann 2 – Conaltradh

“Tha cleachdadh na Gàidhlig sa chiad àite-coinneachaidh eadar buill a’ phobaill agus ùghdarras poblach a’ cur ri làthaireachd fhaicsinneach agus chluinntinneach a’ chànain, agus a’ cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air. A thuilleadh air àrdachadh ìomhaigh a’ chànain, tha e cuideachd a’ cruthachadh chothroman airson cleachdadh prataigeach agus a’ brosnachadh buill a’ phobaill gus Gàidhlig a chleachdadh ann an dèiligidhean leis an ùghdarras phoblaich às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman airson cleachdadh a’ chànain, agus a’ cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air. Tha làthaireachd dhan Ghàidhlig ann am farsaingeachd de dh’fhoirmean dà-chànanach agus ann am foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin a’ cur gu mòr ri faicsinneachd agus inbhe a’ chànain. Faodaidh deasachadh dhreachdan Gàidhlig de dh’fhoirmean, bileagan iarrtais agus sgrìobhainnean mar sin, cuideachadh le leudachadh air raon briathrachais na Gàidhlig agus mothachadh luchd na Gàidhlig a thogail a thaobh a’ bhriathrachas seo, mar sin a’ cuideachadh le leasachadh a’ chànain fhèin.”
(Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig)

Tha FCA mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aige cur ris an ìre de dh’ullachadh aige anns an raon seo.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
<i>Trèanadh luchd-obrach</i>					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Cleachdadh làithreach	Tha solarachadh aig FCS airson na Gàidhlig tro thrèanadh, trèanadh Mothachaidh Gàidhlig agus tro chothroman foghlaim foirmeil.				
Prìomh raointean leasachaidh	Nì an luchd-obrach 'ionad-fàilte' uile ann an oifisean agus prìomh ionadan tadhail ann an Earra-Ghàidheal agus air a' Ghàidhealtachd trèanadh mothachaidh Gàidhlig.	Thoir trèanadh dhan luchd-obrach iomchaidh uile taobh a-staigh àm a' phlana	Frithealadh - dèan suirbhidh nan sgilean a-rithist ann an 2017	Sgioba Conaltraidh FCS	leantainneach

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
	<p>Nuair a tha comas aig luchd-obrach a bhith dèiligeadh ri conaltradh sa Ghàidhlig, nì sinn cinnteach gu bheil fios aig custamairean air an t-seirbheis seo tro bhith a' cur soidhne suas, a bhios follaiseach, air an deasg-fàilteachaidh.</p> <p>Thèid taic Ghàidhlig a chur air dòigh gus luchd-obrach a chuideachadh. Cuidichidh an t-seirbheis taic seo le ceistean aig/bho ionadan-fàilte.</p>	<p>Thèid na soidhnichean uile a chleachdadh nuair a bhios cothroman ann.</p> <p>Gheibh prìomh luchd-obrach taic, stiùireadh no cuideachadh bho neach no buidheann ainmichte a tha comasach air dèiligeadh ri cùisean iomchaidh às an leth.</p>	Cuir air dòigh taic leis a' Ghàidhlig	<p>Sgioba Conaltraidh FCS</p> <p>Sgioba Conaltraidh FCS</p>	<p>Leantainneach</p> <p>An t-Sultain 2016</p>
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh	1,2				
Fòn:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil ach glè bheag de sholarachadh airson ceistean fòn sa Ghàidhlig aig an àm seo.				

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Prìomh raointean leasachaidh	Nì sinn cinnteach gum bi comas Gàidhlig a bhruidhinn na fheart fheumail ann am fastadh cuid de phrìomh dhreuchdan	Cuir ri seo tro bheatha a' phlana	Suirbhidh air sgìlean 2017	HR	leantainneach
	Cumaidh sinn oirnn a bhith a' tabhann trèanadh Gàidhlig no leasachadh sgìlean Gàidhlig do phrìomh luchd-obrach agus do luchd-obrach 'loidhne tòisich' iomchaidh ann an Earra-Ghàidheal agus air a' Ghàidhealtachd. Cùm taic ri trèanadh tro bhith a' tabhann tìde dheth, taic maoinachaidh agus a bhith a' brosnachadh com-pàirteachadh tron t-siostam stiùireadh dèanadais.	Barrachd luchd-obrach le barrachd sgìlean Gàidhlig is eòlas air a' Ghàidhlig ag obair mar am prìomh neach-conaltraidh le luchd-ùidhe Ruith 12 cùrsaichean aig a' chàr as ìsle	Suirbhidh air sgìlean 2017	Ionnsachadh is Leasachadh Sgioba Conaltraidh FCS	Leantainneach Leantainneach
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Post agus post-dealain:					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Cleachdadh làithreach	Tha stiùireadh air a thabhann mu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann am post/post-d.				
Prìomh raointean leasachaidh	Mur a gabh dèiligeadh ri litrichean no puist-dealain sa Ghàidhlig gu h-ionadail, gabhaidh an cur gu Sgioba Conaltraidh FCS airson freagairt dhìreach no airson freagairt às dèidh conaltradh leis an luchd-obrach taice iomchaidh.	Gheibh litrichean agus puist-d Gàidhlig freagairt sa Ghàidhlig taobh a-staigh an aon clàr-ama a th' ann airson post/post-d sa Bheurla.	Thèid an t-àm a bheir e gus freagairt a chlàradh. Gheibhear freagairtean Gàidhlig taobh a-staigh an clàr-ama bun-tomhasach.	Sgioba Conaltraidh FCS	Leantainneach
	Cumail oirnn le cinn-litreach dà-chànanach air feadh na h-Alba.	Leantainneach		Sgioba Conaltraidh FCS	Air feadh ùine a' Phlana
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Foirmean:					
Cleachdadh làithreach	Tha na prìomh foirmean air an cruthachadh le co-obraichean aig Coimisean na Coilltearachd Bhreatainn no le Riaghaltas na h-Alba				
Prìomh raointean leasachaidh	Gabh ri foirm sam bith air lìonadh sa Ghàidhlig agus freagair sa Ghàidhlig le taic bho sheirbheis Eadar-theangachaidh Gàidhlig.	Gabh ri foirmean a tha air an lìonadh sa Ghàidhlig	An àireamh de dh'iarrrasan air an clàradh.	Sgioba Conaltraidh FCS	air feadh ùine a' Phlana
	Na foirmean uile air an cruthachadh le FCS agus air an cleachdadh ann an Alba le cinn dhà-chànanach orra le pìos sa Ghàidhlig a' cur fàilte air foirmean air an lìonadh sa Ghàidhlig.			Sgioba Conaltraidh FCS	leantainneach

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
<i>Coinneamhan Poblach:</i>					
Cleachdadh làithreach	Chan eil solar sam bith, no glè bheag, ri fhaighinn aig an àm seo.				
Prìomh raointean leasachaidh	Bidh neach-labhairt Gàidhlig / seirbheis eadar-theangachaidh mar aon ri fhaighinn aig coinneamhan a tha a' gabhail a-steach a' Ghàidhlig no a' cultar agus nuair a tha pàrtaidhean no luchd-eagraich air an t-seirbheis seo iarraidh. Cuiridh sinn brath ann a' tabhann na seirbheis seo air stuthan sanasachd sam bith airson tachartasan mar seo.	Thèid seo a mheasadh nuair a dh'èiricheas cothrom iomchaidh	Dèan measadh air soirbheas	Sgioba Conaltraidh FCS	air feadh ùine a' Phlana
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
<i>Dòigh-obrach nan Gearanan, Ceistean agus Saorsa Fiosrachaidh</i>					
Cleachdadh làithreach	Chan eil a' Ghàidhlig mar phàirt den phoileasaidh làthaireach aig Riaghaltas na h-Alba.				

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Prìomh raointean leasachaidh	Dèilig ri gearanan a gheibhear sa Ghàidhlig anns a' Ghàidhlig. Eadar-theangachaidh sinn dòighean-obrach nan gearanan againn agus cuiridh sinn air an làraich-lìn iad.	Thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am freagairtean do na gearanan uile a gheibhear sa Ghàidhlig.	Tro phròiseas-sgrùdadh àbhaisteach nan gearanan, tro Sgrùdadh Teisteanasachd	Rùnaireachd	air feadh ùine a' Phlana
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
<i>Tachartasan foghlaim agus tachartasan air an stiùireadh</i>					
Cleachdadh làithreach	Gun ach beagan comais ann an-dràsta tachartasan sgoile no tachartasan cur-seachad a chumail sa Ghàidhlig no le eadar-theangachadh				
Prìomh raointean leasachaidh	Ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg mhaor-coille is luchd-obrach cur-seachad, gus cuideachadh le tadhalan Sgoilearan Gàidhlig.	Ruith clasaichean mothachaidh Gàidhlig airson prìomh luchd-obrach	Clàraich agus dèan measadh air soirbheas.	Sgioba Conaltraidh FCS	air feadh ùine a' Phlana
	Dèan ath-sgrùdadh air feumalachdan ann an sgìrean far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus beachdaich air sgilean a cheannach a-steach airson tachartasan sònraichte.	Cuir grunn tachartasan air dòigh tro bheatha a' Phlana.	Clàraich agus dèan measadh air soirbheas.	Sgioba Conaltraidh FCS	Air feadh ùine a' Phlana
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh		1, 2			
Cleachdadh làithreach	Beagan stuthan foghlaim Gàidhlig rim faighinn				

	Cruthaich goireasan Foghlaim Gàidhlig ùra agus sgaoil iad tro Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	Cruthaich 10 nithean foghlaim ùra	Clàraich agus dèan measadh air soirbheas.	Sgioba Conaltraidh FCS	Air feadh ùine a' Phlana
	Ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg mhaor-coille is luchd-obrach cur-seachad, gus cuideachadh le tadhalan Sgoilearan Gàidhlig.	Ruith clasaichean mothachaidh Gàidhlig airson prìomh luchd-obrach	Clàraich agus dèan measadh air soirbheas.	Ionnsachadh is Leasachadh / Sgioba Conaltraidh FCS	Air feadh ùine a' Phlana
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh		1, 2			

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cur ri faicsinneachd a' chànain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-iomhaigheil, agus tha e a' cuideachadh le cruthachadh briathrachais ùr agus a' cur ri briathrachas a tha ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' dearbhadh gu bheil an t-ùghdarras poblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh

cudromach tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Agus barrachd dhaoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhith a' cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain. (Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig)

Tha FCS air rùnachadh cur ri cleachdadh nan Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
<i>Stuth Clò-bhuailte:</i>					
Cleachdadh làithreach	Tha foirm planaidh aig FCS anns a bheil earrann mu mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig airson diofar gnìomhan is àiteachan, ann an clò, air-loidhne agus ann an stuth ann an diofar mheadhanan.				
<i>Stuthan clò-bhuailte - Sgrìobhainnean Poileasaidh is modhan-obrach</i>					
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid am foirm a chleachdadh airson gach foillseachadh a thèid fhoillseachadh no a chur air-loidhne.	Lean oirnn leis na gnìomhan làithreach	Cùm oirnn le bhith a' dèanamh an aon àireamh de sgrìobhainnean, no dèan barrachd	Sgioba Conaltraidh FCS agus D&IS	leantainneach

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
			sgriobhainnean		
	Cuiridh sinn nithean Gàidhlig (m.e. ainmean Gàidhlig, fo-thiotalan dà-chànanach, geàrr-chunntas Gàidhlig) ann am prìomh fhoillseachaidhean.	Cùm oirnn le bhith a' dèanamh an aon àireamh de dh'fhoillseachaidhe an, no dèan barrachd fhoillseachaidhean Sgioba Conaltraidh FCS agus D&IS		Sgioba Conaltraidh FCS	leantainneach
<i>Stuthan Foillsichte – Foillseachaidhean do Luchd-tadhail</i>					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Prìomh raointean leasachaidh	Cleachdaidh sinn am foirm planaigh làthaireach agus cuiridh sinn an stiùireadh airson deagh chleachdadh an sàs mar a tha air a mhìneachadh anns an aithisg: “A’ Cleachdadh na Gàidhlig ann an Eadar-mhìneachadh Dualchais” 2015. (Faic an earrann gu h-ìosal: Fiosrachadh agus Mineachadh Luchd-tadhail air Làraichean airson barrachd fiosrachadh air a’ mhodh-obrach airson gach meadhan dhan luchd-tadhail.		Barrachd cothrom air stuthan sa Ghàidhlig.	D&IS	Sultain 2016
	Tha sinn daonnan ag atharrachadh a’ phortfolio seo. Bidh co-dhiù blasad Gàidhlig anns gach foillseachadh san àm ri teachd.		Fios air ais bho luchd-tadhail agus bho luchd-cleachdaidh foillseachaidhean FCS	D&IS	Leantainneach
Amasan	Ro-innleachdail	iomchaidh	air	an	1,2
cuideachadh					
<i>Dàimhean Poblach agus Meadhanan:</i>					
Cleachdadh làithreach	<i>Cha bhi sinn a’ cur a-mach fiosan-naidheachd sa Ghàidhlig. Chan eil neach-labhairt aig FCS airson TBh / nam meadhanan sgrìobhte aig an àm seo.</i>				

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Prìomh raointean leasachaidh	Comharrachaidh FCS neach-labhairt Gàidhlig a bhios a' riochdachadh na Gàidhlig anns na meadhanan sgrìobhte is craolaidh.	Fastaich neach-labhairt	Neach-labhairt air comharrachadh	Sgioba Conaltraidh FCS	Sultain 2016
	Bidh sinn for-ghnìomhach sa mhodh-obrach againn le BBC ALBA agus seanailean meadhanan Gàidhlig eile.	Fastaich taic Ghàidhlig bho chunradair	Leudachadh anns an àireamh de sgeulachdan air an craoladh mu FCS/Coilltearachd.	Sgioba Conaltraidh FCS	air feadh ùine a' Phlana
	Cumaidh sinn oirnn a bhith a' cur eadar-theangachadh Gàidhlig de na prìomh dhleastanasan aig FCS ann an 'Notaichean Luchd-deasachaidh' anns na fiosan naidheachd uile. Nì sinn sgrùdadh air an iarrtas airson Gàidhlig a chleachdadh ann am fiosan naidheachd.	Cruthaich teacs airson cleachdadh ann am fiosan naidheachd. Dèan sgrùdadh air an iarrtas airson Gàidhlig ann am fiosan naidheachd ron Chèitean 2016.	Ìre-chleachdaidh de nithean Gàidhlig do na meadhanan	Sgioba Conaltraidh FCS	An Cèitean 2017
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh	1,2				
<i>Làraichean-lìn: Tha ceanglaichean do na foillseachaidh Gàidhlig air an làraich-lìn gus an gabh an luchdadh a-nuas</i>					
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidh ann aig an àm seo mu bhith a' cruthachadh duilleagan Gàidhlig fa leth.				

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Prìomh raointean leasachaidh	Le bhith a' cleachdadh an fhoirm planaigh, cleachdaidh sinn Gàidhlig ann an cuid den t-susbaint a dh'fhoillsicheas FCS air-loidhne. Cumaidh sinn oirnn a bhith a' sònrachadh prìomh raointean leasachaidh.	Susbaint ga chumail suas gu h-èifeachdach agus gu ceart ann an deagh àm	Cuir ris an t-susbaint air an làrach-lìn sa Ghàidhlig.	Sgioba Conaltraidh FCS	Am Faoilleach 2017
	Thèid am Plana Gàidhlig Aontaichte a chur air làrach-lìn FCS			Sgioba Conaltraidh FCS	An Cèitean 2016
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh	1,2				
Cuirmean/Taisbeanaidhean:					
Cleachdadh làithreach	<i>Tha sinn a' dèanamh beagan stuthan airson chuirmean no tachartasan anns a' Ghàidhlig aig an àm seo.</i>				
	Cumaidh sinn oirnn le bhith cleachdadh an fhoirm gus tomhas dè an ìre de Ghàidhlig a tha a dhìth airson taisbeanaidhean is tachartasan.	Thèid an ìre de Ghàidhlig a chleachdas sinn a cho-dhùnadh tro Teamplaid FCS.	A' Ghàidhlig air a cleachdadh ann an stuth dealbhte aig taisbeanaidhean/tachartasan.	Sgioba Conaltraidh FCS	leantainneach
	Thèid luchd-obrach le Gàidhlig a chomharrachadh agus ma bhios e iomchaidh air an trèanadh gus FCS a riochdachadh aig cuirmean/taisbeanaidhean.	Leanaidh trèanadh luchd-obrach.		Sgioba Conaltraidh FCS	leantainneach

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
	Cumaidh sinn oirnn a' togail cheangal le com-pàirtichean RAFE aig Riaghaltas na h-Alba agus sinn aig cuirmean/tachartasan nàiseanta is sinn a' cruthachadh modh cho-obrachail a thaobh na Gàidhlig.		Cuir ri eadar-mhìneachadh Gàidhlig anns na tachartasan a bhios sinn a' frithealadh.	Sgioba Conaltraidh FCS	Air feadh ùine a' Phlana
	Cruthachaidh sinn stuth sònraichte airson tachartasan ionadail/nàiseanta leithid Fèill Rìoghail na Gàidhealtachd (RHS).		Làthaireachd aig tachartasan Nàiseanta agus stuthan Gàidhlig air an toirt seachad	Sgioba Conaltraidh FCS	Air feadh ùine a' Phlana
Amasan	Ro-innleachdail	iomchaidh	air an	cuideachadh	1,2
<i>Fiosrachadh agus Mìneachadh Luchd-tadhail air làraichean:</i>					
Cleachdadh làithreach	<p>Cleachdaidh sinn duilleag Planaidh Gnàth-eòlais an Luchd-tadhail (foirm planaidh) gus amasan, luchd-èisteachd agus teachdaireachdan airson gach làraich gus co-dhùnadh de an ìre de Ghàidhlig (1,2,3,) a thèid a chleachdadh.</p> <p>Tha an obair uile againn air an dòigh-obrach seo a chleachdadh bho thòisich sinn air an dòigh-obrach sgòraidh ann an 2010, agus bho dhreachdan tràtha den stiùireadh aig deireadh 2012. Cleachdaidh sinn an stiùireadh seo san obair uile againn nuair a thèid am mìneachadh againn air-loidhne air làraichean agus ann an ionadan-tadhail ùrachadh is ath-leasachadh.</p>				

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
<p>Prìomh raointean leasachaidh</p>	<p>Chan eil trèanadh sam bith air a bhith aig sgrìobhadairean Gàidhlig a tha ag obair ann am mineachadh ann am prionnsabalan agus cleachdaidhean mìneachaidh. Dh'fhaode gum bi BnG, ag obair ann an com-pàirteachas le com-pàirtichean Interpret Scotland (a' gabhail a-steach FCS) airson tachartasan a chur air dòigh gus trèanadh a thoirt do sgrìobhadairean Gàidhlig ann am mineachadh - gus cur ri mathas agus èifeachdas teacsaichean mineachaidh.</p>		<p>Dh'fhaodte gun obraich BnG le Interpret Scotland air moladh.</p>	<p>D&IS</p>	<p>Ro 2021</p>

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
	<p>Bhiodh e feumail dhan raon mìneachaidh air feadh na h-Alba nan rachadh barrachd rannsachaidh a dhèanamh le luchd-tadhal gus buaidh agus soirbheas an stiùiridh a chaidh fhoillseachadh ann an 2015 a mheasadh. Dh'fhaodte gun tèid stiùireadh ùraichte a thoirt a-mach mar thoradh air seo. Dh'fhaodte gum bi BnG airson stiùireadh air an obair seo, a-rithist, ann an com-pàirteachas le com-pàirtichean Interpret Scotland.</p>		<p>Dh'fhaodte gun obraich BnG le Interpret Scotland air moladh.</p>	<p>D&IS</p>	<p>Ro 2021</p>
<p>Amasan Ro-innleachdail</p>	<p>iomchaidh air an cuideachadh</p>	<p>1,2</p>			

Earrann 4 – Luchd-obrach

“Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach gun tèid na sgilean-obrach iomchaidh agus na sgilean cànanain aig an luchd-obrach a thoirt air adhart. Tha solarachadh chothroman ionnsachaidh do luchd-obrach a’ cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean sa bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a’ cur gu mòr ri inbhe a’ chànain agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil buannachdail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a’ cuideachadh cuideachd le bhith a’ sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite sònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig ri choileanadh taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge b’ e dè na sgilean a tha riatanach tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil a’ Ghàidhlig na fìor riatanas san dreuchd. Bu chòir do dh’ùghdarrasan slatan-tomhais neo-eisimeileach a chruthachadh agus a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a’ fastadh luchd-obrach anns gach suidheachadh ann an dòigh a tha cothromach agus cunbhalach, agus gu bheil e a’ nochdadh nan sgilean comharraichte airson na h-obrach.” (Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig)

Tha FCS mothachail air cho cudromach is a tha e a’ Ghàidhlig a mheas mar sgil obrach chudromach agus a bhith a’ comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil feum no fèill air a’ Ghàidhlig. Tha FCS a’ tuigsinn cuideachd cho cudromach ’s a tha e comas a thoirt do luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart far a bheilear a’ meas seo iomchaidh.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
<i>Trèanadh:</i>					
Cleachdadh làithreach	<i>Tha FCS a’ maoineachadh trèanadh Gàidhlig do chuid de luchd-obrach fa leth agus tha e air iomadh cùrsa mothachaidh Gàidhlig a chumail.</i>				

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Prìomh raointean leasachaidh	Cumaidh sinn oirnn le bhith a' toirt seachad prògram de chùrsaichean mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach làithreach is ùr. Beachdachaidh sinn air tachartasan trèanaidh a chumail ann an com-pàirteachas le buidhnean eile.	Thèid co-dhiù aon chùrsa a chumail gach bliadhna a' mhìosachain tro bheatha a' Phlana. Thèid àiteachan a bharrachd a thabhann do luchd-obrach FCS an co-bhann ri buidhnean eile.	Barrachd luchd-obrach aig a bheil tuigse nas fheàrr air a' Ghàidhlig agus a cultar.	Sgioba Conaltraidh FCS	Rè ùine a' Phlana
	Thèid liosta mhionaideach de na cùrsaichean Gàidhlig uile a tha rim faighinn a chur fa chomhair an luchd-obrach uile agus air eadar-lìon FCS.	Barrachd luchd-obrach air an trèanadh	Thèid clàr de fhrithealadh aig cùrsaichean Gàidhlig a chumail.	Sgioba Conaltraidh FCS	leantainneach
	Cuiridh sinn goireas air dòigh gus am Plana Gàidhlig againn a bhrosnachadh agus gus poileasaidh/modhan-obrach ùra a bhrosnachadh nuair a thèid an cruthachadh.	cruthaich taic dhan Ghàidhlig	Cruthaich ròl agus pròifil do chunnradair	Sgioba Conaltraidh FCS	An Cèitean 2016
	Cuidich agus brosnachaidh luchd-ionnsachaidh iomchaidh gus an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart tron toolkit air-loidhne aig FCS	Barrachd luchd-obrach air an trèanadh	Sgrùdadh air a dhèanamh air trèanadh	Sgioba Conaltraidh FCS is HR	Leantainneach
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh air an cuideachadh	1,2				

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Ionnsachadh cànan:					
Cleachdadh làithreach	Tha FCS air taic a chur do dh'ionnsachadh pearsanta aig ionadan foghlaim foirmeil Sabhal Mòr Ostaig.				
PRÌOMH RAOINTEAN LEASACHAIDH	Brosnachaidh sinn luchd-obrach iomchaidh anns gach raon gus na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart. Thathar a' rannsachadh cothroman gus seiseanan trèanaidh a chumail le buidhnean is buidhnean poblach eile.	Leantainneach tro ùine a' Phlana	Bheir sgrùdadh san àm ri teachd beachd air meudachadh ann an ìrean fileantachd.	Sgioba Conaltraid h FCS	Leantainneach
Amasan cuideachadh	Ro-innleachdail iomchaidh air an	1,2			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Fastadh:					
Cleachdadh làithreach	Tha fastadh FCS air a dhèanamh a rèir riaghailtean na Seirbheis Catharra a thaobh farpais chothromach agus fhosgailte. Tha seo a' ciallachadh gun tèid an duine as fheàrr a thaghadh dhan dreuchd. Ma tha comas labhairt no sgrìobhaidh sa Ghàidhlig na fhìor riatanas san obair, thèid feart a thoirt air seo gu ceart.				
Prìomh raointean leasachaidh	Nuair a tha sgilean Gàidhlig deatamach airson dreuchd, thèid seo a shònrachadh rè a' phròiseas fhastaidh.			HR	Leantainneach
Amasan cuideachadh	Ro-innleachdail iomchaidh air an	1,2			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Sanasachd:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil Gàidhlig ga cleachdadh le FCS ann an sanasachadh dà-chànanach airson luchd-obrach aig an àm seo.				
Prìomh raointean leasachaidh	Nuair a tha sgilean Gàidhlig mar phàirt den dealbh-obrach, nì sinn sanasachd air na h-obraichean seo gu dà-chànanach.	Meudachadh ann an àireamh an luchd-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig	Cùm clàran de na puist seo uile.	HR	leantainneach
	Bu chòir do sgilean sa Gàidhlig, no deòin a h-ionnsachadh, a bhios gan comharrachadh mar sgilean feumail, ann am fastadh luchd-obrach fàilteachaidh gu prìomh oifisean agus prìomh ionadan tadhail Earra-Ghàidheal is na Gàidhealtachd agus airson obraichean fa leth eile m.e. luchd-obrach dàimhean dhan choimhearsnachd ann an sgìrean no sgìrean glèidhte comharraichte. Bidh sanasan airson nan sgìrean sin dà-chànanach.	Tuigse nas fheàrr aig prìomh-luchd obrach air Gàidhlig agus a cultar agus air dòighean-obrach.	Sgrùdadh 2014	HR	leantainneach

A' bhuidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig

A' bhuidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig

Tha FCS ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Ghàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà. Nì FCS sgrùdadh air na gealltanasan poileasaidh làithreach againn gus cothroman a lorg annta gus a' Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean, nì FCS cinnteach gum bi a' bhuidh a bheir iad air a' Ghàidhlig a rèir Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig.

Foir-shealladh air a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh ceithir taobhan ceangailte de leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh, agus taobh a-staigh sin tha e a' comharrachadh grunn raointean prìomhachais:

Togail Cànain

A' meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ga sgaoileadh taobh a-staigh theaghlachan agus tro chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh tro:

- cur ri cleachdadh agus sgaoileadh na Gàidhlig san dachaigh
- cur ris an àireamh chloinne a tha a' togail Gàidhlig san dachaigh
- meudachadh togail agus ruigsinneachd air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- cur ris an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach a tha a' ruigsinn fileantachd

Cleachdadh Cànain

A' brosnachadh barrachd cleachdadh den Ghàidhlig, a' solarachadh chothroman gus an cànan a chleachdadh agus ag adhartachadh ruigsinneachd air cleachdadh na Gàidhlig ann an dòighean cruthachail, tro:

- cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam treas-ìre agus anns an àite obrach
- cur ri làthaireachd na Gàidhlig anns na meadhanan
- cur ri brosnachadh na Gàidhlig anns na h-ealainean
- a' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig ann an raointean turasachd, dualchais agus chur-seachadan

Inbhe Cànain

A' cur ri faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig, ag àrdachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba tro:

- cur ris an àireamh de bhuidhnean poblach a tha a' deasachadh Phlanaichean Gàidhlig
- cur ri air ìomhaigh agus inbhe na Gàidhlig
- cur ri faicsinneachd agus aithneachadh na Gàidhlig

Corpas Cànain

Neartachadh ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh anns a' chànan tro:

- cur ri ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- cur ri mathas agus ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- cur ris an rannsachaidh earbsach a tha ri fhaighinn mun Ghàidhlig

Aonta ri amasan Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig

Tha e na rùn aig FCS dèanamh cinnteach gun tèid Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Anns an earrann seo, tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

A' CUR A' PHLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG AN GNÌOMH

Amasan:

1. Gum bi am plana Gàidhlig againn air aontachadh le BnG ron Chèitean 2016 agus gus a chur an gnìomh anns a' bhad.
2. Gus sanasachd a dhèanamh air a' Phlana Gàidhlig aontaichte gu dà-chànanach, an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, tro luchd-ùidhe agus tro na meadhanan.
3. Gus faicsinneachd na Gàidhlig a ghlèidheadh anns na soidhnichean is stuthan mìneachaidh againn.

4. Gus am poileasaidh Gàidhlig againn a leudachadh gu com-pàirtichean treas-phàrtaidh.

1. Togail Cànan

Tha FCS ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh, air foghlam agus air luchd-ionnsachaidh inbheach mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh. Tha coilltean an FES air an cleachdadh airson grunn adhbharan foghlaim, m.e. nuair a bhios buidhnean sgoile agus teaghlaichean a' dol air tursan do na coilltean. Mar sin, tha sinn a' moladh gun cuir sinn rin ris an t-susbaint Gàidhlig ann an stuthan a tha sinn a' toirt do sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig agus do sgoiltean eile, agus gun cuir sinn ri faicsinneachd tro shoidhnichean agus tro stuthan mineachaidh ann an iomadh àite air feadh na h-Alba.

2. Cleachdadh Cànan

Feallsanachd:

Tha FCS a' tuigsinn nach e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil Gàidhlig a chur am meud a tha a dhith gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd, ach gum feumar cleachdadh a' chànan a chur am meud cuideachd. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd daoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus mar an dòigh chonaltraidh àbhaisteach a th' aca ann am farsaingeachd de ghnìomhan làitheil. Thèid na gnothaichean seo aithneachadh ann a bhith a' cruthachadh an dà chuid na Planaichean Conaltraidh A-staigh agus A-muigh aig FCS.

- Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan: Bheir sinn seachad stuthan mineachaidh anns a' Ghàidhlig air làraichean an NFE far a bheilear ag aithneachadh feum soilleir air seo.
- Gàidhlig san Àite-obrach: Brosnachaidh sinn cleachdadh na Gàidhlig san àite obrach agus thèid cothroman a thoirt do phrìomh luchd-obrach na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart tro Chlasaichean Mothachaidh agus an toolkit Gàidhlig againn. Gàidhlig anns na Meadhanan: Thèid sgrìobhainnean dà-chànanach agus susbaint sa Ghàidhlig a chur air dòigh air an làraich-lìn againn.
- Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan - Le bhith a' toirt a-steach an suaicheantas dà-chànanach againn agus le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig air diofar soidhnichean is stuthan mineachaidh againn agus aig na com-pàirtichean againn. Cuiridh seo ri faicsinneachd na Gàidhlig do luchd-turais agus cuideachd dhan phoball a tha a' cleachdadh nan coilltean airson cur-seachadan.
- Gàidhlig anns na h-ealainean: Bho àm gu àm, bidh a' bhuidheann a' toirt taic do na h-ealainean tro bhith a' cleachdadh sgeulachdan, bàrdachd is òrain.

3. Inbhe Cànan

Tha FCS a' tuigsinn gu bheil na rudan a leanas a' toirt buaidh air an inbhe a th' aig cànan: an làthaireachd aige san àrainneachd làitheil, an ìre 's gu bheil an cànan air a chleachdadh, air a mheas cudromach agus air fhaicinn a bhith air a mheas cudromach leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt cudromach nar beatha làitheil.

- Ag ullachadh Plana Gàidhlig: Chaidh am Plana Gàidhlig reachdail a dheasachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a' cur an cèill mar a chleachdas FCS a' Ghàidhlig, agus mar a chuireas i cleachdadh na Gàidhlig an comas, a thaobh aithne chorporra, conaltradh, foillseachaidhean agus luchd-obrach.
- Cruthachadh Ìomhaigh Dheimhinneach dhan Ghàidhlig: Nuair a bhios sinn a' libhrigeadh sheirbheisean anns a' Ghàidhlig, nì sinn cinnteach gum bi na seirbheisean sin aig ìre agus de ghnè a tha coimeasach ris na seirbheisean air an solarachadh sa Bheurla.
- Meudachadh Faicsinneachd na Gàidhlig – Meudachaidh sinn faicsinneachd na Gàidhlig le bhith a' toirt a-steach suaicheantas dà-chànanach, meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig sna soidhnichean agus na bileagan againn agus air an làrach-lìn againn.

4 Corpas Cànan

Tha FCS a' tuigsinn cho riatanach 's a tha e iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach sa tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a bhith ann agus a bhith a' brosnachadh rannsachadh mun chànan.

- Leasachadh air Litreachadh, Briathrachas agus Ainmean-Àite; bheir FCS dlùth-aire do thoraidhean an sgrùdaidh air soidhnichean a rinneadh ann am plana 2010-15 agus do Ro-innleachdan Mìneachaidh san àm ri teachd.
- Eadar-theangachadh agus Mìneachadh sa Ghàidhlig: bidh sinn a' cleachdadh eadar-theangairean cliùiteach gus cuideachadh le Gàidhlig air soidhnichean agus le eadar-theangachadh air stuth mìneachaidh. Nithear cinnteach gun lean seo uile na gnàthachasan litreachaidh Gàidhlig as ùire.
- Gàidhlig ann an Suirbhidhean agus Rannsachadh – cumaidh sinn rannsachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an stuth mìneachaidh còmhla ri Bòrd na Gàidhlig.
- Ainmean-àite Gàidhlig – leanaidh sinn oirnn a bhith a' sireadh chomhairle bho Ainmean-àite na h-Alba, buidheann stiùiridh nàiseanta air ainmean-àite Gàidhlig gus an cleachd sinn ainmean-àite gu cunbhalach.

Tha FCS cuideachd ag aithneachadh gu bheil mòran de na bun-dleastanasan an seo, anns an dàrna Plana Gàidhlig aig a' bhuidhinn, cuideachd a' cur ri cur an gnìomh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig, a tha am measg rudan eile, ag amas air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig àrdachadh.

BUILEACHADH AGUS DEARCNACHADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil airson 5 bliadhna bhon cheann-latha seo no gus an cuirear plana ùr ann an gnìomh. Tha sinn air cinn-latha sònraichte a chomharrachadh airson targaidean fa leth nuair a tha sinn an dùil gealltanasan sònraichte a chur an gnìomh.

Sanasachd airson a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba fhoillseachadh gu dà-chànanach, mar aon sgrìobhainn, air làrach-lìn Coimisean na Coilltearachd Alba. A bharrachd air seo, nì sinn na rudan a leanas:

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd ag ainmeachadh a' phlana;
- cuiridh sinn am plana air an làrach-lìn againn gus an gabh a luchdadh a-nuas aig an taigh no anns na h-oifisean poblach againn
- sgaoilidh sinn fios do luchd-obrach mun phlana tro eadra-lìon Coimisean na Coilltearachd Alba agus tro stuthan conaltraidh taobh a-staigh na buidhne;
- bidh lethbhreacan den Phlana rim faighinn gus luchdadh a-nuas le ar Buidhnean Poblach Neo-roinneil, buidhnean gnìomha, luchd-ionaid agus cunnradairean;
- bidh lethbhreacan den Phlana rim faighinn gus luchdadh a-nuas do bhuidhnean Gàidhlig.
- bidh lethbhreacan den Phlana rim faighinn gus luchdadh a-nuas do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis; agus

Ullachaidhean Rianachd air Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig

'S e poileasaidh Coimisean na Coilltearachd Alba (FCS) a th' anns a' phlana seo is e air aontachadh an dà chuid leis an àrd-sgioba stiùiridh againn agus le Ceannard Coimisean na Coilltearachd Alba.

Uallach Iomlan:

Bidh Ceannard Coimisean na Coilltearachd Alba cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun coilean FCS na gealltanasan a tha air am mineachadh sa Phlana.

Luchd-obrach fa leth:

Bidh luchd-obrach air an comhairleachadh a thaobh far a bheil am Plana ri fhaighinn air an Eadra-lìon againn agus bidh iad air am brosnachadh gus beachdan a thoirt air

rè na h-ùine co-chomhairleachaidh, agus gus molaidhean a thoirt seachad a thaobh leasachaidhean rè ùine a' phlana.

A' toirt fiosrachaidh do bhuidhnean eile mun Phlana

Foillsichidh FCS am Plana Gàidhlig air ar làraich-lìn, leigidh sinn fios do luchd-comhairleachaidh agus buidhnean eile air an taobh a-muigh agus do threas phàrtaidhean mu fhoillseachadh an dreachd agus mun Phlana Gàidhlig aontaichte.

Goireasachadh a' Phlana

Bidh gnìomhachdan àbhaisteach air an gabhail a-steach agus air an goireasachadh tro bhuidheatan FCS a thathar ag aontachadh gach bliadhna le Riaghaltas na h-Alba.

Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Thèid am Plana Gàidhlig a sgrùdadh le Sgioba Conaltraidh Coimisean na Coilltearachd Alba, le beachdan bho na roinnean eile a tha air an comharrachadh. Bidh uallach air orra a thaobh sgrùdadh bliadhnail air targaidean a' phlana san t-Samhain gach bliadhna, agus aithris air soirbheachadh no eile de Bhun-dhleastanasan FCS. Bidh tar-shealladh aca air buileachadh a' phlana agus bidh iad cuideachd a' coimhead ri modhan eile gus am plana a libhrigeadh ann an dòigh nas èifeachdaiche. Bidh seo ann an co-chomhairleachadh le, agus le aonta bho Bhòrd na Gàidhlig.

Fios conaltraidh

'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd:

Jo O'Hara
Ceannard Coimisean Coilltearachd Alba
Coimisean na Coilltearachd Alba
231 Rathad Corstorphine
Dùn Èideann
EH12 7AT


Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

James McDougall
Conaltradh
Coimisean na Coilltearachd Alba
231 Rathad Corstorphine
Dùn Èideann
EH12 7AT

james.mcdougall@forestry.gsi.gov.uk

0300 067 6372

Leas-phàipear 1



Leas-phàipear 2

Beag-fhaclair agus Giorrachaidhean

Teirm	Giorrachadh	Notaichean
Coimisean na Coilltearachd Alba - Forestry Commission Scotland	FCS	Tha e mar bhuidhinn-stiùiridh do Riaghaltas na h-Alba air cùisean co-cheangailte ri coilltearachd.
Iomairt Coilltearachd Alba (<i>Forest Enterprise Scotland</i>)	FES	A' phàirt de FCA aig a bheil an dleastanas Oighreachd Nàiseanta nan Coilltean a stiùireadh.
Oighreachd Nàiseanta nan Coilltean (<i>National Forest Estate</i>)	NFE	Coilltean ann an Alba a tha le Riaghaltas na h-Alba
Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba (<i>Scottish Forestry Strategy</i>)	SFS	Poileasaidhean air an sònrachadh le FCS agus air aontachadh le Riaghaltas na h-Alba.
Bòrd na Gàidhlig	BnG	Buidheann Reachdail Nàiseanta airson na Gàidhlig